



HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA

## LIOSTA-CHLÀRAIDH RAOINTEAN BHLÀR NA H-ALBA



## Liosta-chlàraighean Bhlàr na h-Alba

Tha an leabhran seo a' mìneachadh dè tha e a' ciallachadh nuair a tha raon blàir air a' chlàr agus ciamar a bhios sinn a' measadh raoíntean bhlàr gus an cur air an liosta-chlàraighean.

Tha daoine air a bhith toirt buaidh air cruth àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson còrr is 10,000 bliadhna. Tha na ginealaichean a dh'fhalbh air an làraich fhèin fhàgail air na bailtean is bailtean-mòra againn, agus a-muigh air an dùthaich mun cuairt oirnn. Tha an ceangal làidir eadar sinn fhìn is àiteachan agus mar a tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu mòr ri ar cultar nam pàirt mòr de ar coimhleasachdan agus tha na nithean sin a' cuideachadh le bhith togail bratach na h-Alba air feadh an t-saoghail.

Chaidh na ciad chumhachan laghail san Rìoghachd Aonaichte gus ar n-àrainneachd thogte a dhòn a thoirt a-steach ann an 1882. Thòisich liosta-chlàraighean raoíntean nam blàran eachdraidheil ann an 2011 agus tha còrr is 35 làraichean air an liosta a-nis.

Tha an liosta-chlàraighean a' comharrachadh làraichean air a bheil fios againn le cinnt far an deach blàr a chur a bha cudromach gu nàiseanta, far an do shabaidich is far an do bhàsaich saighdearan, agus far an robh tachartas cudromach nar n-eachdraidh. Tha iad a' gabhail a-steach ciad bhlàr Dhùn Bàrr ann an 1296 ann an Lodainn an Ear gu Blàr Chùil Lodair air a' Ghàidhealtachd, am blàr mu dheireadh eadar dà fheachd armaichte ann am Breatainn a chaidh a chur ann an 1746.

Tha caractar eachdraidheil ar n-àrainneachd cudromach do mhath ar beatha agus tha e gar cuideachadh le bhith tuigsinn cò sinn. Tha blàran eachdraidheil na h-Alba cudromach do ar cultar agus do ar n-aithne nàiseanta, agus san latha an-diugh chan e a-mhàin gu bheilear a' cuimhneachadh orra tro charraighean-cuimhne, ceòl, bàrdachd is litreachas, ach cuideachd leis an liosta-chlàraighean seo.

**Còmhdaich:** Tha carraighean-cuimhne airson thachartasan is daoine aig tàrr de raoíntean bhlàr na h-Alba, leithid na h-ìomhaigh seo de Raibeart am Brusach aig Allt a' Bhonnaich, clàraichte aig Ìre A © Àrainneachd Eachdraidheil Alba.



**Gu h-àrd:** Bha seann Chaisteal Inbhir Lòchaidh cudromach ann an dà bhlàr air an liosta-chlàraidh, ann an 1431 agus 1645. Ghearastanaich larla Earra-Ghàidheal saighdearan am broinn tobhta a' chaisteil anns an dàrna blàr agus thathar ag ràdh gun deach tòrr aca a mhurt an sin le saighdearan an Riaghaltais às dèidh a' bhlàir © Àrainneachd Eachdraidheil Alba

## Dè th' anns an liosta-chlàraighe?

'S e a th' anns an liosta-chlàraighe ach liosta de na raointean bhlàr as cudromaiche ann an eachdraidh na h-Alba. Tha raointean bhlàr nan làraichean air an deach blàr a chur.

Bidh sinn a' cumail liosta-chlàraighe fo chumhachan Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979, [legislation.gov.uk/ukpga/1979/46](https://www.legislation.gov.uk/ukpga/1979/46).

'S as adhbhar don liosta, làraichean a tha cudromach gu nàiseanta a chomharrachadh agus fiosrachadh a thoirt seachad mun deidhinn. Nuair a thèid raon blàir a chur ris an liosta-chlàraighe, thèid e na chùis shusbainteach sa phròiseas phlanaidh. Tha sin a' ciallachadh gum feumar aire a thoirt dha nuair a thathar a' dèanamh co-dhùnadh air iarrasan planaidh.

Mus tèid làrach a chur ris an liosta-chlàraighe, feumaidh e a bhith cudromach gu nàiseanta agus feumaidh e slatan-tomhais sònraichte a choileanadh (faicibh taobh-duilleig 7). Tha tòrr raointean bhlàr cudromach a thaobh ar n-eachdraidh, ach chan fhaigh ach na làraichean a tha cudromach gu nàiseanta àite air an liosta-chlàraighe.

**Gu h-iosal:** Bha blàran ann air feadh na h-Alba. Shabaidich dà arm sa bhealach chumhang a chithear an seo ann an Gleann Seile ann an 1719 © Àrainneachd Eachdraidheil Alba (Cruinneachadh nan Adhar-dhealbhan).



## A' measadh làraichean airson na liosta-chlàraidh

Nì sinn measadh air gach raon bhlàr fa leth a thaobh cho airidh 's a tha e air inbhe-chomharrachte

Tha am poileasaidh clàraidh is stiùireadh taghaidh againn a' mìneachadh mar a bhios sinn a' measadh raointean bhlàr airson na liosta-chlàraidh. Faicibh [historicenvironment.scot/designation-policy](https://historicenvironment.scot/designation-policy).

Feumaidh an làrach a bhith cudromach gu nàiseanta mus tèid a chur ris an liosta.

Gus co-dhùnadh a bheil làrach cudromach gu nàiseanta, bidh sinn a' measadh nan rudan a leanas:

- feumaidh ceangal làidir a bhith aig raon a' bhlàir ri tachartasan no daoine bho ar n-eachdraidh a tha cudromach gu nàiseanta
- feumaidh fianais fhiosaigeach nach beag a bhith ann no cothrom tro arc-eòlas air an leithid a dh'fhanais (no an dà chuid), agus
- feumaidh ùidh a bhith aig daoine ann agus fianais air raon nas fharsainge timcheall air làrach a' bhlàir.

Faodaidh sin a bhith gabhail a-steach àiteachan-faire, loidhnichean-fradhairc, uchdanan-dòn, campaichean, no daoine air an tiodhlacadh.

Cuideachd, chan fhaodar raon blàir a chur ris an liosta-chlàraidh ach nuair as urrainnear làrach a' bhlàir a chomharrachadh le cinnt air mapa an latha an-diugh.

**Gu h-iosal:** Tachartas eachdraidh bheò © Àrainneachd Eachdraidheil Alba



## Molaidhean clàraighean is ath-sgrùdaidhean

Faodaith neach sam bith làrach a mholadh airson na liosta-chlàraighean no iarraidh oirnn cur às do dh'ibhe-chomharrachaite a th' ann mu thràth no a h-atharrachadh.

Aon uair 's gum faigh sinn am foirm agaibh, nì sinn rannsachadh air an iarrtas agaibh agus co-dhùnaidh sinn dè an dòigh as fheàrr gus dèiligeadh ris. Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodte nach tèid sinn air adhart le iarrtas. Ma cho-dhùineas sinn gun a dhol air adhart, leigidh sinn fios thugaibh cho luath 's a ghabhas. Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air mar a bhios sinn a' measadh làraichean agus àiteachean, a' gabhail a-steach nan slatan-tomhais agus stiùireadh againn anns a' phoileasaidh clàraighean againn aig [historicenvironment.scot/designation-policy](https://www.historicenvironment.scot/designation-policy).

Bidh na measaidhean againn mar as trice a' gabhail a-steach rannsachadh, agus a bhith a' taghadh dè an ibhe clàraighean dualchais as fhreagarracha airson na làraich a mhol sibh (faic taobh-duilleig 11 airson fiosrachadh mu na h-inbhean dualchais againn uile). Tha teansa ann gun tadhail sinn air an làrach cuideachd.

Ma tha sinn den bheachd gu bheil an làrach no àite a rèir nan slatan-tomhais airson clàradh, foillsichidh sinn aithisg air a' phortal air-loidhne againn le fiosrachadh mun cho-dhùnadha a tha sinn a' moladh aig [portal.historicenvironment.scot](https://www.historicenvironment.scot). 'S e aithisg làimhseachaidh a chanar ri seo agus mar as trice bidh measadh air an làraich no àite na lùib.

Mar as trice nì sinn conaltradh leis an fheadhainn air an toir seo buaidh dhìreach, a' gabhail a-steach sealbhadaidh, neach-còmhnaidh no neach-gabhail cho math ris an ùghdarris dealbhaidh, mus ainmich sinn làrach no mus atharraich sinn clàradh. Mar as trice, bidh sinn a' cur fàilte air beachdan bho dhaoine no bhuidhnean aig a bheil ùidh sa chùis tron làraich-lìn againn.

Bidh sinn a' leantainn an aon phròiseas airson a bhith ag atharrachadh no a' toirt air falbh chlàraighean a th' ann mar-thà.

Bidh sinn a' foillseachadh a' cho-dhùnaidh mu dheireadh againn agus an aithris làimhseachaidh mu dheireadh againn air a' phortal air-loidhne againn. Faicibh an làrach-lìn againn airson barrachd fiosrachaidh mu na h-inbhean seirbheis agus na clàraighean-ama againn airson molaidhean clàraighean.

Ma tha thu nad shealbhadaidh no neach-còmhnaidh air an làraich, an dàrna cui air an làraich air fad no air pàirt dhith, nì sinn oidhirpean reusanta gus innse dhuibh an deach a clàradh no an deach an clàradh atharrachadh. ha an aon rud fiòr mu bhith a' toirt àite far na liosta-clàraighean.

## An liosta-chlàraidh

Tha clàr air an liosta-chlàraidh airson gach raon blàir. Sa chlàr sin tha fiosrachadh sgrìobhte agus mapa a sheallas crìochan nan làrach-chlàraichte. Tha na clàran ann gus daoine a chuideachadh le bhith tuigsinn carson a tha raon blàir cudromach gu nàiseanta. Dh'fhaodadh gum bi dealbhan-camara an cois a' chlàir cuideachd.

Faodaidh sibh na clàran a rannsachadh air an làraich-lìn againn aig [portal.historicenvironment.scot](http://portal.historicenvironment.scot).

Sa chlàr airson gach raon blàir tha sealladh farsaing air a' bhlàr, mìneachadh air mar a tha e a' coileanadh slatan-tomhais na liosta-chlàraidh, agus an raon a tha air a chomharrachadh air mapa na liosta-chlàraidh.

Cuideachd, faodaidh fiosrachadh nas mionaidiche mun bhlàr a bhith ann, leithid:

- na thachair ron bhlàr, nuair a bha am blàr ga chur agus às dèidh làimhe
- an àireamh dhaoine an sàs agus nàdar nan arm a bha an sàs
- cruth-tìre raon a' bhlàir
- an fhianais arc-eòlais air a bheil fios againn co-cheangailte ris a' bhlàr, no fianais a dh'fhaodadh a bhith ann, agus
- gnothaichean cultarach co-cheangailte ris a' bhlàr, mar obair-ealain, litreachas agus ceòl.

Aig deireadh gach clàir tha liosta de na stòran-fiosrachaiddh a chaidh a chleachdadh ann a bhith rannsachadh na làraich.

Cuideachd sa chlàr bidh mapa a sheallas crìochan na làraich air an liosta-chlàraidh agus mapa a sheallas feartan/nithean cudromach co-cheangailte ris an t-sabaid san raon.

Bidh cuid a chlàran cuideachd a' sealltainn far a bheilear a' tomhas a bha na feachdan sa bhlàr agus mar a ghluais iad. Cha sheallar fiosrachadh mar sin ach nuair a tha fianais ann airson cùisean a dhearbhadh.

### A' comharrachadh crìochan

Bidh sinn a' comharrachadh raon sa bheil luach eachdraidheil airson gach làrach a tha air an liosta-chlàraidh le bhith dèanamh feum de rannsachadh a chaidh a dhèanamh. Taobh a-staigh crìochan an raoin sin bidh àiteachan far a bheilear a' smaoineachadh a thachair na prìomh thachartasan sa bhlàr, far an deach cuirp is fianais arc-eòlais a lorg a bhuineas ris a' bhlàr no far a bheilear an dùil gun tèid an lorg, agus far a bheil pàirtean eile de chruth na tire rim faicinn, mar àiteachan-faire agus feartan tìre cudromach eile.

Cha bhi cò leis an tha am fearann a' toirt buaidh air mar a chomharraicheas sinn na crìochan

## A' fuireach is ag obair air raon blàir a th' air an liosta-chlàraidh

Nuair a tha raon blàir air an liosta-chlàraidh, chan eil sin a' ciallachadh nach fhaodar atharraichean a dhèanamh air. Tha cruth-tìre a h-uile raon blàir air atharrachadh bho thachair am blàr, agus cha bhi iad fuireach dìreach mar a tha iad.

Ma tha raon blàir air an liosta-chlàraidh, mar as trice cha toir sin buaidh air leasachadh a tha fa-near dhuibh air an raon ach nuair a tha cead-dealbhachaiddh a dhìth. Tha an seòrsa leasachaidh sin air a mhìneachadh ann an Riaghailtean Dealbhachaiddh Dùthchail is nam Bailtean (Modhan-rian airson Leasachaidh) (Alba) 2013 [legislation.gov.uk/ssi/2013/155/contents/made](https://www.legislation.gov.uk/ssi/2013/155/contents/made).

Ma sibh airson atharrachadh a dhèanamh a tha feumach air cead-dealbhachaiddh, feumaidd sibh sa chiad dol a-mach fios a chur chun an ùghdarris-phlanaidh agaibh ag iarraidh stiùireadh. Ma tha na planaichean agaibh a' toirt buaidh air togalach clàraichte no carragh chlàraichte, faodaidh iad comhairle a thoirt dhuibh cuideachd mu cheadan eile a dh'fhaodadh a bhith a dhìth oirbh.

Nuair a bhios cead-dealbhachaiddh a dhìth, dh'fhaodadh gum feum an t-ùghdarris-planaidh iarraidh oirnne beachdan a thoirt seachad air na thathar a' moladh. Tha e mar dhleastanas oirnn comhairle is eòlas fiosrach a thoirt dhaibh. Am measg an t-seòrsa leasachaidhean as trice a bhios feumach air cead-dealbhachaiddh nuair a tha iad air no faisg air làrach a th' air an liosta-clàraidh, tha:

- leasachaidhean taigheadais, a' gabhail a-steach rathaidean is solais ùra is bun-structar eile
- togalaichean ùra air tuathanas no a' leudachadh togalach air tuathanas
- tuathanasan gaoithe

Bheir an t-ùghdarris-planaidh cead-dealbhachaiddh seachad agus, mar as trice, 's ann an urra riuthasan a tha an co-dhùnadh mu dheireadh. Tha sinn toilichte comhairle is stiùireadh a thoirt seachad air leasachaidhean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air làraichean air an liosta-chlàraidh. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaiddh mun sin san Nòta-stiùridh againn airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean air raointean bhlàran aig [historicenvironment.scot managing-change-guidance-notes](https://historicenvironment.scot/managing-change-guidance-notes).

Chan fheum na daoine leis a bheil am fearann air a bheil an raon blàir an raon thosgladh don phoball. Tha tòrr àiteachan fo shealbh priobhaideach taobh a-staigh nan làraichean air an liosta-chlàraidh far nach eil aonta inntrigidh foirmeil ann. Tha barrachd fiosrachaiddh mu chòraichean-inntrigidh ann an Còd Slighean Dùthchail na h-Alba [outdooraccess-scotland.com](http://outdooraccess-scotland.com).



**Gu h-àrd:** Clach Lilliard, Blàr Sliabh Ancrum. Tha uirsgeul ann gun do shabaidich agus gun do bhàsaich , “maighdeann bhàn Lilliard” ann am Blàr Sliabh Ancrum ann an 1545 © Àrainneachd Eachdraidheil Alba

## Ag obair le lorgaire-meatailt air raon blàir a th' air an liosta-chlàraig

Faodaidh sibh lorgaire-meatailt a chleachdadh air raointe an bhlàir a th' air an liosta-chlàraig, ach tha e cudromach gun cuimhnich sibh air luach na làraich nuair a nì sibh e.

'S ann à meatailt a tha tàrr den fhiannais arc-eòlais air a dèanamh a gheibhear air raon blàir, mar an luaidhe sna buill-musgaid no an stàilinn às an dèanadh iad lannan. Faodaidh na nithean sin, agus far an tèid an lorg, fianais a thoirt dhuinn mu na thachair sa bhlàir agus na daoine a bha an sàs ann. Ma gheibh sibh lorg air nithean, tro sgrùdaidhean arc-eòlais, le lorgaire-meatailt no air thuiteamas, feumaidh sibh an clàradh agus innse do dh'Aonad nan Ulaidhean mun deidhinn [treasuretrovescotland.co.uk](http://treasuretrovescotland.co.uk). Nuair a lorgas sibh nithean meatailt air raon blàir gu tric cha bhi coltas orra an toiseach gu bheil ceangal aca ris a' bhlàir, gu h-àraidh nuair a tha iad meirgeach no air am milleadh, agus cha bhi an ceangal follaiseach gus an tèid làn-sgrùdadh a dhèanamh orra.

Fo lagh na h-Alba, faodaidh an Crùn, tro Shiostam nan Ulaidhean, sealbh iarraidh air nithean a lorgadh a tha air am meas cudromach do dh'arc-eòlas. Bu chòir do dhaoine a lorgas oibseactan arc-eòlais innse do dh'Aonad nan Ulaidhean mun deidhinn cho luath 's as urrainn dhaibh agus bu chòir dhuibh fiosrachadh cho mionaideach 's as urrainn dhaibh a thoirt dhaibh air càit an deach an lorg.

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air na riaghailtean laghail agus am pròiseas gus aithris a dhèanamh bho Aonad nan Ulaidhean.

**Gu h-iosal:** Seann taigh Leanach, Raon Blàir Chùil Lodair, © D Barnes, Scottish Viewpoint



## Inbhean dualchais eile

Tha e cuideachd an urra rinne stòrais dhualchais eile a chomharrachadh, mar eisimpleir, togalaichean clàraichte, carraighean clàraichte agus liosta-chlàraidh nan gàrraidhean is an fhearainn dhealbhaichte.

Bidh sinn cuideachd a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' comharrachadh raointean mara tèarainte eachdraidheil. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air sin air an làraich-lìn againn.

Tha còrr is 600 raon glèidheteachais ann an Alba a tha air an comharrachadh le ùghdarrasan-planaidh. Feumaidh ùghdarrasan-planaidh co-dhùnadhbh a dhèanamh feuch dè na pàirtean den sgìre aca a tha cudromach a thaobh ailtearachd no eachdraidh, agus faodaidh iad an comharrachadh an uair sin mar raointean glèidheteachais. Mar as trice, thèid beachdan a' phobaill a shireadh mu mholadh sam bith gus raon glèidheteachais a stèidheachadh no gus crìochan fear atharrachadh.

Thèid Làraichean Dualchais na Cruinne a chlàradh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair) mar àiteachan sa bheil luach air leth don chruinne air fad a thaobh cultair no dualchas nàdair. [whc.unesco.org](http://whc.unesco.org).

Tha sia Làraichean Dualchais na Cruinne ann an Alba an-dràsta. Gheibhear fiosrachadh orra sin air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/world-heritage-sites](http://historicenvironment.scot/world-heritage-sites)

A' lorg fiosrachadh air làraichean air an liosta-chlàraidh, agus inbhean-comharrachite eile agus ar co-dhùnaidhean

Faodaidh sibh coimhead tro na h-inbhean-comharrachite uile air a' phortal air-loidhne againn aig [portal.historicenvironment.scot](http://portal.historicenvironment.scot).

Cuideachd, gheibh sibh fiosrachadh ann mu na co-dhùnaidhean a nì sinn a thaobh inbhean-comharrachite. Mura bheil sibh cinnteach fhathast a bheil gus nach eil làrach air an liosta-chlàraidh, faodaidh sibh post-d no fòn a chur thugainn. Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh air ar son aig deireadh an leabhrain seo.

Cuideachd, gheibhear cothrom nithean a rannsachadh air mapa air an làraich-lìn aig Scotland's Environment, [environment.gov.scot](http://environment.gov.scot) also agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun àrainneachd an sin, mu rudan mar chriochan nan sgìrean glèidheteachais.

## Fiosrachadh a bharrachd

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu raointean bhlàr air an làraich-lìn againn.

### Comhairle air molaidhean leasachaidh

Ma tha cead-dealbhachaidh a dhìth oirbh airson na tha sibh a' moladh, cuiribh fios chun an ùghdarrais-phlanaidh agaibh.

Bheir sinn comhairle seachad cuideachd mu bhith a' cumail rian air raointean bhlàr. Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun sin air an làraich-lìn againn, a' gabhail a-steach Stiùireadh a thaobh a bhith a' Cumail Rian air Atharraichean. Faodar fòn a chur thugainn cuideachd air 0131 668 8716.

### Taic Planaidh Alba

Tha Taic Planaidh Alba a' toirt comhairle seachad air planadh agus am pròiseas planaidh [pas.org.uk](http://pas.org.uk).

### Tabhartasan

Tha grunn diofar thabhartasan agus sgeamaichean maoineachaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Faodaidh daoine fa leth agus buidhnean iarrtas a dhèanamh airson taic ionmhasail le pròiseactan agus obair a bheir deagh bhuaidh air an àrainneachd eachdraidheil. Airson barrachd fiosrachaidh mu na tabhartasan againn, faicibh an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/grants-and-funding](http://historicenvironment.scot/grants-and-funding).

### Còd Slighean Dùthchail na h-Alba

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu chòraichean agus dleastanasan inntrigidh ann an Còd Slighean Dùthchail na h-Alba aig [outdooraccess-scotland.scot](http://outdooraccess-scotland.scot).

### Laghan is poileasaidhean buntainneach

- Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979.  
[legislation.gov.uk/ukpga/1979/46](http://legislation.gov.uk/ukpga/1979/46).
- Aithris Poileasaidh air an Àrainneachd Eachdraidheil ann an Alba [historicenvironment.scot/heps](http://historicenvironment.scot/heps).
- A' Cumail Rian air Atharraichean san Àrainneachd Eachdraidheil. Faicibh na nòtaichean-stiùridh againn air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/managing-change-guidance-notes](http://historicenvironment.scot/managing-change-guidance-notes).

### Na foillseachaidhean againn

Tha sreachd de dh'fhoillseachaidhean againn aig [historicenvironment.scot/publications](http://historicenvironment.scot/publications).

## Molaidhean agus gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan mun liosta-chlàraidh. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd le bhith a' cur post-d gu [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot)

Tha sinn air a chur romhainn seirbheisean sàr mhath a thoirt seachad. Tha sinn a' cur luach anns gach gearan a gheibh sinn agus cleachdaidh sinn am fiosrachadh a gheibhear tromhpa gus na seirbheisean againn a leasachadh.

Ma thèid rudeigin ceàrr no mura h-eil sibh toilichte le ar seirbheisean, feuch gun inns sibh dhuinn.

## Oifigear Ghearanan

Àrainneachd Eachdraidheil Alba Taigh Longmore  
Plàs Salisbury Dùn Èideann EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8600

Post-d: [complaints@hes.scot](mailto:complaints@hes.scot)

Gheibhear barrachd fiosrachaiddh mu dhòigh-obrach nan gearanan air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/complaints](http://historicenvironment.scot/complaints).

© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2019

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdad saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais v3.0 ach a-mhàin ma thèid an caochladh a ràdh.

Gus an cead seo fhaicinn, faicibh <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/>

no sgriobhaibh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, Na Clàraighean Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d gu:  
psi@nationalarchives.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil an còir-lethbhreac sin.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba na Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) agus na Buidheann-charthannais Albannach chlàraichte (SC045925). 'S e aon de na dleastanasan againn a bhith cumail liosta-chlàraidh de ghàrraidhean is fearann dealbhaichte

Tha an leabhran seo a' mìneachadh na tha clàradh thoglaichean a' ciallachadh do luchd-seilbh, is ciamar a bhios sinn a' measadh thoglaichean gus an clàradh. Tha e ri fhaighinn sa Bheurla cuideachd leis an tiotal Scotland's Inventory of Historic Battlefields.

Bu chòir ceist sam bith mun sgriobhainn seo a chur thugainn aig:

Àrainneachd Eachdraidheil Alba  
Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann EH9 1SH

**Fòn:** +44 (0) 131 668 8600

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

'S urrainn dhuibh am foillseachadh seo a luchdad a-nuas bhon làraich-lìn againn aig

[www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

**Àrainneachd Eachdraidheil Alba**

Clàraighean Taigh Longmore

Plàs Salisbury

Dùn Èideann

EH9 1SH

**Fòn:** 0131 668 8914

**Email:** [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot)

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

Ceann-latha foillseachaidh: 2019